

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis, air Diciadain, 25 Gearran 2026 aig 2f.

An làthair:

Mgr R Bremner (Air astar)

Mgr I MacIlleDhuinn

Mgr S Camshron (Air astar)

A' Bh-uas I Chaimbeul (Air astar)

A' Bh-uas C NicIlliosa

Mgr I Grafton (Air astar)

Dr M Gregson

Mgr P Logue

Mgr A Mac an Tòisich

A' Bh-uas C NicIlleathain (Air astar)

Mgr D Mac a' Mhuilleir

A' Bh-uas M NicPheadrais (Air astar)

Neo-Bhuill cuideachd an làthair:

Mgr D Mac a' Phearsain

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr D MacIlleDhuinn, Àrd-Oifigear

A' Bh-uas B Scott, Àrd-Oifigear – Foghlam Thràth-bhliadhnaichean is Bun-sgoile

A' Bh-uas C Macklin, Ceannard Seirbheis, Seirbheisean Amalaichte Dhaoine

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig

A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh, Foghlam agus Ionnsachadh

A' Bh-uas A NicLeòid, Oifigear Leasachaidh Curraicealam Gàidhlig

A' Bh-uas S NicPhàdraig, Oifigear Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd

A' Bh-uas S NicIllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:

Mgr C Mac a' Mhaoilein, Àrd-Oifigear, Fèisean nan Gàidheal

A' Bh-uas E NicCoinnich, Manaidsear Fèisgoil, Fèisean nan Gàidheal

Mgr S Adam, Stiùiriche, Tourism Resources Company

A' Bh-uas M Choineagan, Ceann-suidhe, An Comunn Gàidhealach

A' Bh-uas P NicIllinnein, Àrd-Oifigear, An Comunn Gàidhealach

Mgr I Robasdan, Ball Bùird, An Comunn Gàidhealach agus Cathraiche, Mòd Loch Abar 2025

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnaidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr D Mac a' Mhuilleir anns a' Chathair

Gnothach

1. **Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan**

Thugadh leisgeul seachad às leth Mhgr U MhicAoidh.

2. **Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd**

Cha tugadh seachad Foillseachaidhean Com-pàirt no Aithrisean Follaiseachd.

3. **Naidheachdan Matha**

Bha raon farsaing chleasan is thachartasan a' dol air adhart air feadh na Gàidhealtachd airson Seachdain na Gàidhlig.

Chaidh latha Gàidhlig soirbheachail a chumail ann an Luirg o chionn ghoirid, a' taisbeanadh tàlant ionadail, às dèidh do dhraghan a bhith air an cur an cèill mu fhollaiseachd na Gàidhlig san sgìre.

Bha fèill dhreuchdan Siuthad 2026, am-bliadhna ag amas air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig is na cothroman dreuchdail a bha rim faotainn dhaibh, air 110 sgoilear bho 6 àrd-sgoiltean a tharraing.

Bha Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas le Ionad Tasglann Didseatach na Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig, air bùth-obrach chom-pàirteach is eadar-obrachail a leasachadh do sgoilearan ÀS4 gu ÀS6.

Chaidh taing a thoirt do dh'Fhèisgoil agus Fèisean nan Gàidheal airson pàirt a ghabhail ann am pròiseact pileatach a chaidh a chrìochnachadh o chionn ghoirid agus a bha a' libhrigeadh na Gàidhlig tro gheamaichean is òrain air feadh Chataibh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na Naidheachdan Matha a chaidh a thaisbeanadh.

4. **Tachartasan agus Buaidh Eaconamach, Cànanach is Cultarach Blas 2025**

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/1/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine agus bha taisbeanadh ann bho Mhgr Calum Ailig Mac a' Mhaoilein, Àrd-Oifigear, Fèisean nan Gàidheal agus a' Bh-uas Eilidh NicCoinnich, Manaidsear Fèisgoil, Fèisean nan Gàidheal.

Thug an taisbeanadh seachad geàrr-chunntas mu bhuidh leantainneach Fèis Bhlais agus chaidh iomradh a thoirt air na prìomh thachartasan is choileanaidhean bho phrògram 2025, a bha a' gabhail a-steach consairtean, cèilidhean, tachartasan, seiseanan ciùil is òran, agus grunn thaisbeanaidhean sgoile air feadh na Gàidhealtachd. Bha fios air ais bhon choimhearsnachd agus bho luchd-tadhail air a bhith math. Bha planaichean airson Blas 2026 aig ìre thràth.

Bha Blas air a dhol bho neart gu neart thar nam bliadhnaichean. Bha na h-ealain, gu h-àraid ceòl traidiseanta, fìor chudromach a thaobh a bhith a' leasachadh is a' brosnachadh na Gàidhlig. Bha an fhèis a' toirt cothrom do chloinn cluiche còmhla ris na gaisgich chiùil aca agus ceangal a thogail le cultar na Gàidhlig. Bha cothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh, agus na ceumannan a bhathar a' gabhail gus misneachd ann an cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh, fìor chudromach. Bhathar an dòchas gun leanadh taic na Comhairle airson Blas san àm ri teachd.

Às dèidh sin:-

- i. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh maoinachadh bliadhna a leantainn air adhart airson Fèis Bhlas, a' toirt fa-near gum biodh riarachaidhean uile san àm ri teachd fhathast fo ùmhlachd ath-sgrùdadh buidseit bhliadhna na Comhairle agus cuingealachaidhean maoinachaidh on taobh a-muigh;
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gun robh comas na fèise maoinachadh on taobh a-muigh a ghleidheadh an crochadh air taic leantainneach gach bliadhna bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Bhiodh lùghdachadh no tarraing air ais sam bith dhen mhaoineachadh seo a' cur a' phasgain mhaoineachaidh san fharsaingeachd ann an cunnart;
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh taic a chur ri obair air sealbh choimhearsnachd Blas leis an luchd-brosnachaidh ionadail agus ri bhith a' co-roinn teachd a-steach gus com-pàirteachadh ionadail a neartachadh;
- iv. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh brosnachadh a thoirt do FnanG rannsachadh a ghabhail os làimh leis an lìonra luchd-brosnachaidh aca gus dèanamh cinnteach gum biodh guth aig an luchd-brosnachaidh sa phrògramadh;
- v. **DH'AONTAICH a' Chomataidh** leantainn air adhart a' neartachadh nan dòighean tomhais airson buaidh eaconamach agus taisbeanairan a' buntainn ri cànan na Gàidhlig a rèir bhuilean Plana na Gàidhlig;
- vi. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh leantainn air adhart a' neartachadh nan ceanglaichean eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus luchd-eagrachaidh Fèis Bhlas airson tachartas 2026;
- vii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan obair a thathar a' gabhail os làimh le FnanG agus An Comunn Gàidhealach le taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh Acadamaidh a' Mhòid a chaidh a chumail ann an sgoiltean air feadh sgìre Loch Abar ro Mhòd Loch Abar (**Eàrr-ràdh 1**); agus
- viii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun robh iomairt Acadamaidh a' Mhòid na pàirt de phròiseact dìleab Mòd Loch Abar 2025.

5. Buannachdan Eaconamach, Cànanach is Cultarach Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar 2025

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/2/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine agus thug Mgr Seumas Adam, Stiùiriche, Tourism Resources Company, taisbeanadh seachad às leth a' Chomuinn Ghàidhealaich.

Chaidh aithris gun robh am Mòd air còrr is 9,400 neach a thàladh agus air £3.9m a thogail uile gu lèir ann an sgìre Loch Abar, le toradh math dha-rìribh air an airgead a chaidh a thasgadh. Bha fios air ais a' sealltainn gun robh an tachartas air a bhith fìor mhath airson coinneachadh ri caraidean is ceanglaichean sòisealta a thogail agus bha com-pàirteachadh làidir ann leis a' Ghearasdan mar bhaile aoigheachd.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeon a leanas a thogail:-

- chaidh fiosrachadh a shireadh, agus fhaotainn, a thaobh a' cheangail eadar mòdan sgìreil is nàiseanta agus chaidh faighneachd dè na planaichean a dheigheadh a chur air dòigh gus buill de chòisirean òigridh a bhrosnachadh gus leantainn orra a' farpais aig ìre nas àirde;
- mar fhreagairt do bheachdan mun deamografaig aoise, bhathar an dùil gun robh pàrantan no oidean na bu bhuailtiche na suirbhidhean a lìonadh às dèidh

an tachartais, agus dh'fhaodadh seo beachd a thoirt seachad gun robh na bha an làthair na bu shine mar bhuidheann na bha iad; agus

- chaidh fiosrachadh a shireadh, agus fhaotainn, a thaobh maoineachadh san àm ri teachd. Chaidh a ràdh gun robh cosgaisean àiteachan-fuirich is ionadan a' sìor fhàs dùbhlach.

Às dèidh sin:-

- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan fhiosrachadh a bha san taisbeanadh agus san aithisg;
- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gum biodh Mòd 2029 ga chumail ann an sgìre na Gàidhealtachd; agus
- DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun dèanadh oifigearan ceangal ri oifigearan a' Chomuinn Ghàidhealaich gus Aonta Libhrigeadh Seirbheis ùraichte ullachadh.

6. Aithisg PRMS: Adhartas mu Choinneimh Plana na Gàidhlig 2024–29

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/3/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Chaidh faighneachd ciamar a dh'fhaodadh Sgoil-Àraich Bun-Sgoil Chille Mhoire leudachadh a' dol air adhart.

Chaidh fiosrachadh a shireadh, agus fhaotainn, a thaobh a bhith a' leasachadh sgoiltean a tha a' toirt seachad Gàidhlig agus an taic lìonrachaidh a tha ri fhaotainn do sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean. Bha e cudromach gluasad a chumail a' dol a thaobh Plana na Gàidhlig. Bha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' toirt seachad cothroman a bharrachd, agus bhathar a' dèanamh obair ullachaidh mar-thà a thaobh Sgìrean Cànain Sònraichte.

Bha buill toilichte faicinn gun robhar a' coileanadh nan targaidean thar a' Phlana agus chaidh an obair chruaidh a bha an lùib seo aithneachadh. Bhathar an dùil, ge-tà, nach robh na naidheachdan matha air an sgaoileadh farsaing gu leòr. Chaidh iarraidh air oifigearan beachdachadh air ciamar a b' urrainn dhaibh a bhith gnìomhach a' toirt na bhathar a' dèanamh am follais agus chaidh a ràdh gun robh dreuchd Comataidh na Gàidhlig riatanach airson a bhith a' glacadh farsaingeachd obair Sgioba na Gàidhlig.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

7. Foghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/4/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine agus bha taisbeanadh ann bhon Bh-uas Alison NicLeòid, Oifigear Leasachaidh Curraicealam na Gàidhlig.

Bha buill fìor thoilichte le soirbheachas Pròiseact Pileatach nan Leabhraichean-èisteachd agus dh'aithnich iad an obair mhòr a bha na lùib. B' e pròiseact eadar-ghinealaich is co-obrachail a bh' ann, a' ceangal sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd.

Mar fhreagairt do cheist mu sholar Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean, chaidh innse gun robh suidheachadh na Gàidhealtachd fhathast làidir

ann an co-theacsa nàiseanta, ach gun robh seo an crochadh air neartachadh leantainneach a thaobh co-obrachadh eadar sgoiltean.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan dealas a thaobh sruthan-obrach Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-Dreuchd a tha sònraichte dhan Ghàidhlig, cuide ri obair chom-pàirteach le Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig, agus buidhnean nàiseanta eile gus slighean ionnsachaidh proifeiseanta a neartachadh, goireasan ionnsachaidh àrd-inbhe a leasachadh, agus obair a cho-thaobhadh ri prìomhachasan nàiseanta foghlaim Ghàidhlig;
- ii. dhan bhuidhe mhath a tha air a bhith aig gnìomhan leasachadh sgoile a thaobh buileachadh is coileanadh a chaidh a ghabhail os làimh o chionn ghoirid gus sgrùdadh is measadh leantainneach a bhrosnachadh a thaobh iomairtean Gàidhlig ann an sgoiltean agus am buaidh is an èifeachdais; agus
- iii. do dhuaisean Calpa Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba agus na tha iad a' cur ri bhith a' leasachadh builean curraicealaim Ghàidhlig do sgoilearan.

8. Suirbhidh Sgilean Gàidhlig air an Taobh A-staigh

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/5/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Bu chòir do dhaoine a bhith a' faireachdainn cofhurtail a' còmhradh sa Ghàidhlig, aig ìre sam bith, agus bha e cudromach àiteachan cofhurtail a chomharrachadh is a thoirt seachad san àite-obrach far am biodh daoine a' faireachdainn misneachail oidhirp a dhèanamh. Bha soidhnichean Gàidhlig cudromach a thaobh seo. Bhathar an dòchas gum biodh suirbhidhean san àm ri teachd a' sealltainn àrdachadh san àireimh dhaoine a bha deònach a' Ghàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do thoraidhean Suirbhidh Sgilean na Gàidhlig;
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh am plana-gnìomha a thathar a' moladh a chur an gnìomh gus feumalachdan trèanaidh a choinneachadh agus a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche san àite-obrach; agus
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh taic a thoirt do bhith a' leasachadh chothroman ionnsachaidh subailte is ruigsinneach do luchd-obrach.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 4.30f.